

# Ro-innleachd Urras Ceann a Tuath na Hearadh 2022-2027




## Geàrr-chunntas Gnìomhach

Chaidh Urras Ceann a Tuath na Hearadh a stèidheachadh ann an 2003 airson Oighreachd Ceann a Tuath na Hearadh fhaotainn às leth na coimhearsnachd. Tha an t-Urras an cois aon de na h-oighreachdan coimhearsnachd as motha ann an Alba, le còrr is 25,900ha. 'S e carthannas clàraichte a th' ann, air a riaghladh le Bòrd de 13 stiùirichean shaor-thoileach a thèid an taghadh le muinntir an àite. Tha gach stiùiriche a' riochdachadh sgìre sònraichte den Cheann a Tuath agus Scalpaigh. Tha luchd-obrach an Urrais a' cuideachadh a' Bhùird, a tha os cionn Companaidh-malairt Ceann a Tuath na Hearadh, a chaidh a chruthachadh airson leasachadh malairt a bhrosnachadh agus airgead a thogail don charthannas.

Tha an t-Urras air iomadh rud a leasachadh tro na 20 bliadhna a chaidh seachad:

- Oighreachd Ceann a Tuath na Hearadh a ghlèidheadh agus a leasachadh gu cruthachail;
- dreuchdan, taigheadas agus cothroman gnìomhachais a leasachadh air feadh Ceann a Tuath na Hearadh;
- seirbhisean do luchd-tadhail a libhrigeadh agus goireasan is sgudal a làimhseachadh;
- na milleanan de notaichean de dh'inbheisteach a tharraing gu Ceann a Tuath na Hearadh.

Tha e ann an amharc an Urrais coimhearsnachd soirbheachail a ghlèidheadh ann an Ceann a Tuath na Hearadh, le àrainneachd shàbhailte, eaconomaidh so-sheasmhach agus slàinte chorpóra is inntinn a' tighinn às an oighreachd. Seo mar a tha an t-Urras an dùil na rudan sin a choileanadh sna còig bliadhna a tha romhainn:



Tha an clàr a leanas a' toirt barrachd fiosrachaidh mu mar a tha an t-Urras an dùil amasan a choileanadh. Tha e a' sealltainn mar a tha iad ceangailte ris a' ro-innleachd. Tha leasachadh so-sheasmhach nar n-amharc.

## Raointean

## Amasan ro 2027

### Prìomh-obair

*Làimhseachadh oighreachd na coimhearsnachd.*

A bhith a' làimhseachadh goireasan na coimhearsnachd gu soirbheachail.  
A bhith a' cur ar cuid anns gach gnothach a tha iomchaidh.  
A bhith a' libhrigeadh seirbheisean ionadail cudromach.  
A bhith a' cumail oirnn le co-obrachadh gu soirbheachail le eagrachasan eile.

### Daoine

*Cumail agus tarraing daoine ùra a-steach airson sluagh so-sheasmhach fhaotainn.*

A bhith a' neartachadh ar conaltraidhean leis an t-sluagh agus a bhith a' brosnachadh barrachd daoine ri pàirt a ghabhail.  
A bhith a' cuideachadh le taigheadas a leasachadh air talamh an Urrais, an dà chuid tron obair againn fhèin agus tro cho-obrachadh le buidhnean eile.  
A bhith a' fàs an àireamh de ghniomhachasan beaga a gheibh taic an Urrais, agus a bhith a' tabhainn cothroman ionnsachadh is leasachadh sgilean.  
A bhith a' fàs aire an t-sluaigh agus an luchd-ùidhe air obraichean an Urrais sa choimhearsnachd gus an tig barrachd taic thugainn.

### Eaconomaidh

*Leasachadh eaconomach so-sheasmhach a bheir cothroman obrach freagarrach do chàch.*

A bhith ag àrdachadh teachd a-steach a' Chompanaidh-malairt tro ghniomhan ùra is inbheisteachd gus am fàs teachd a-steach an Urrais fhèin.  
A bhith a' leasachadh cothroman turasachd; gum bi barrachd daoine a' cleachdadh goireasan an Urrais is gum bi barrachd cothroman obrach na lùib.  
A bhith a' leasachadh modh-obrach so-sheasmhach don Urras, gu h-àraidh ro-innleachdan airgid san ùine fhada.  
A bhith a' leasachadh cothroman obrach le obraichean an Urrais, an dà chuid obraichean ràitheil agus obraichean làn-ùine.

### Àrainneachd

*Slàinte chorporra is inntinn a leasachadh tro chothroman a bhith a-muigh.*

A bhith a' foillseachadh Plana Làimhseachadh Oighreachd ùr a sheallas gu farsaing mar a ghlèidheas is leasaicheas an t-Urras an oighreachd.  
A bhith a' dol nas fhaide le pròiseactan a chuireas ris an àrainneachd shònraichte againn agus ri bith-iomadachd sa sgìre.  
A bhith a' togail pròiseactan ann an àitichean àraidh aig a bheil luach dùthchasach ann an Ceann a Tuath na Hearadh.  
A bhith a' làimhseachadh is a' leasachadh na talmhainn airson deiligidh agus ìoslachadh buaidh atharrachadh na gnàth-thìde.

Ged a tha sinn den bheachd gum b' urrainn dhuinn na rudan sin a dhèanamh ro cheann còig bliadhna, tha sinn mothachail nach bi e furasta don Urras airgead a tharraing a-steach gu seasmhach gach bliadhna. 'S ann air sgàth sin a tha ro-innleachd airgid san ùine fhada an cois a' Phlana seo. Mar a tha e air a bhith gu ruige seo, bidh leasachaidhean an eisimeil obair dìcheallach daoine saor-thoileach sa choimhearsnachd, taic eagrachasan eile, agus tabhartasan an luchd-taice.

Tha Bòrd Urras Ceann a Tuath na Hearadh air a ghabhail ris a' phlana còig bliadhna seo, agus tha e na dhleastanas dhaibh coileanadh nan amasan a sgrùdadh tro aithisgean is còmhradhean leis an luchd-obrach. Tha dòighean-conaltraidh an cois seo nam bu chaomh leibh barrachd fiosrachadh fhaotainn.

Urras Ceann a Tuath na Hearadh, Tigh an Urrais, An Tairbeart, Na Hearadh HS3 3DB

[www.north-harris.org](http://www.north-harris.org) | 01859 502222 | [info@north-harris.org](mailto:info@north-harris.org)

Company No: SC235889 | Charity No: SCO33412 | Stèidhte ann an 2002.